

19 Lùnastal 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chille Mhoire Comhairle na Gàidhealtachd

Anns a' Chèitean 2023, dh'fhoillsich Foghlam Alba litir às dèidh sgrùdadh air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Chille Mhoire. Mhìnich an litir grunn raointean airson leasachadh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Mar a chaidh iarraidh, tha Comhairle na Gàidhealtachd a-nis air aithisg a thoirt dhuinn mu adhartas na sgoile. Tha an aithisg adhartais seo ri faighinn aig [Prìomh Sgrìobhainnean – Bun-sgoil Chille Mhoire](#).

Às dèidh dhuinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air an fhianais agus ann an co-dheasbaid le Comhairle na Gàidhealtachd, tha sinn misneachail a-nis gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an litir sgrùdaidh bhon Chèitean 2023. Mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithriseadh air mathas an fhoghlaim, bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh